

**BÒRD NA GÀIDHLIG**

**Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh**  
**Diardaoin 06/10/2022 09.30-14.30**  
**Air-loidhne tro MS Teams**  
**GEÀRR-CHUNNTAS**

**Board Meeting**  
**Thursday 06/10/2022 09.30-14.30**  
**Online via MS Teams**  
**MINUTES**

**SEISEAN DÙINTE**

**CLOSED SESSION**

**8.0 SEISEAN FOSGAILTE**

**OPEN SESSION**

**Buill an làthair**

Màiri T NicAonghais (MTNA) (Cathraiche)  
 Stewart MacLeòid (SML)  
 Dòmhnall MacAoidh (DMA)  
 Nicola NicThòmais (NNT)  
 Seonaidh Charity (SC)  
 Jennifer Gilmour (JG)

**Members present**

Mary T MacInnes (MTMI) [Chair]  
 Stewart MacLeod (StML)  
 Donald MacKay (DMK)  
 Nicola Thomson (NT)  
 Seonaidh Charity (SC)  
 Jennifer Gilmour (JG)

**An làthair**

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra (NP)  
 Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (IMM)  
 Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (OND)

**In attendance**

Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs (NP)  
 Iain MacMillan, Development Director (IMM)  
 Orla MacDonald, Recording Minute (OMD)

**Leisgeulan**

Shona NicIllinnein, Ceannard/Oifigear Cunntachail (SNI)  
 Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim Gàidhlig (SW)  
 Brian Ó hEadhra, Manaidsear nan Com-pàirteachasan agus Maoineachaidh (BOH)

**Apologies**

Shona MacLennan, Ceannard/Accountable Officer (SML)  
 Jim Whannel, Director of Gaelic Education (JW)  
 Brian Ó hEadhra, Partnerships & Funding Manager (BOH)

**8.1 Fàilte bhon Cathraiche**

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine don t-seisean fhosgailte den choinneimh.

**Chair's Welcome**

The Chair welcomed everyone to the open session of the meeting.

**8.3 A' nochdadh chom-pàirtean**

JG – Riaghaltas na h-Alba

**Declaration of interests**

JG – Scottish Government

**9.0 IONMHAS**

**FINANCE**

**9.1 Aithisg Ionmhais gu 30/06/2022**

Thug NP geàrr-chunntas seachad air an aithisg ionmhais.

**Finance Report to 30/06/2022**

NP gave an overview of the finance report.

Bha Buill toilichte gun robh fìor chaiteachas agus pròifil a' bhuidseit nas fhaig na bha iad ann am bliadhnaichean eile.

Members were pleased to note the closer correspondence between actual expenditure and budget profile.

**Co-dhùnadh:**

Thug Buill fa-near don Aithisg Ionmhas.

**Decision:**

Members noted the Finance Report.

**10.0 PLANA GNÌOMH IS COILEANADH**

**OPERATIONAL PLAN AND PERFORMANCE**

**10.1 Sgrùdadh Ràitheil de Phlana Gnìomh 2022/23**

Dh'aithris IMM gum bithear a' coimhead ann an dòigh nas mionaidiche air na gnìomhan is slatan-tomhais sna seachdainean ri thighinn. Tha e dòchasach gun tig fiosrachadh nas mionaidiche don ath choinneamh san Dùbhlachd.

**Quarterly Operational Plan Monitoring 2022/23**

IMM informed that the actions and criteria will be looked at in more detail in the coming weeks. He is hopeful that more focused information will be presented at the next meeting in December.

Members asked if overdue activities will be presented to the Board and IMM confirmed that they will if it is

Dh'fhaighnich Buill an tèid fios air gnìomhan a tha air dheireadh a thoirt don Bhùird-stiùiridh agus fhreagair IMM gun tig ma bhios e iomchaidh, ach cha bhi seo fìor airson nan gnìomhan air fad.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Sgrùdadh Ràitheil den Phlana Gnìomh.

10.2 **Adhartas nas Luaithe**

Thug IMM aithris labhairteach seachad le fios mun choinneimh Adhartas nas Luaithe san t-Sultain. Bha còmhraidh ann mu dheidhinn an t-sruth-obrach a tha a' buintinn ri foghlam Gàidhlig leis gur e ceist chuspaireil a bh' ann. Thog Buill gu bheil an dùil gum bi fastadh agus trèanadh aig teis mheadhain obair an t-sruth-obrach seo mar bharantas airson an àm ri teachd.

Chaidh beachdachadh air tidsearan 'supply' leis a' Ghàidhlig agus buidseatan an Riaghaltas airson trèanadh thidsearan.

Thogadh ceist gu dè an ìre is gu bheil ceannardas làidir ri fhaicinn sna sruthan-obrach. Thugadh aithne deimhinneach air obair VisitScotland agus ma dh'fhaodte gun gabh seo a chleachdadh mar eisimpleir de dheagh chleachdadh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithris labhairteach air Adhartas nas Luaithe.

10.3

**Suirbhidh Luchd-ùidh 21-22**

Thug IMM iomradh air an aithisg Suirbhidh Luchd-ùidh. Bha àireamhan nam freagairtean nas lugha am-bliadhna agus thathar ag obair air seo airson an ath thuras. Chaidh beachdachadh air carson nach robh an uiread de fhreagairtean ann am-bliadhna.

Thugadh fios air leasachaidhean a tha BnG a' dèanamh airson freagairt air na beachdan a thàinig bhon t-suirbhidh.

Bha Buill airson barrachd bheachdan fhaicinn an ath thuras a thig aithisg mar seo thuca.

Bha co-aonta ann gum bi e cudromach coinneachadh ri luchd-ùidh airson misneachd a thogail agus conaltradh mhath a chumail leotha.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don t-Suirbhidh Luchd-ùidh 21-22.

appropriate, but this will not be the case for all actions.

Decision:

Members noted the Quarterly Operational Plan Monitoring.

**Faster Rate of Progress**

IMM gave a verbal report, providing information on the Faster Rate of Progress meeting in September. There was a discussion about the work-stream that relates to Gaelic education as it was a topical question. Members pointed out that they hope recruitment and training will be at the heart of the work of this work stream as a guarantee for the future.

Gaelic supply teachers and Government budgets for teacher training were discussed.

A question was raised to what extent strong leadership is evident from the work streams. The work of VisitScotland was identified as positive, and it was suggested that perhaps this could be used as an example of good practice.

Decision:

Members noted the verbal report on Faster Rate of Progress.

**Stakeholder Survey 21-22**

IMM gave an overview of the Stakeholder Survey report. There were fewer responses this year and this is being worked on for the next time. The reasons for the lack of responses for the current year were discussed.

Information was given on improvements that BnG is making to respond to the comments that came from the survey.

Members were interested in seeing more of the opinions the next time a report like this comes to them.

There was consensus that it will be important to meet with stakeholders to build confidence and maintain good communication with them.

Decision:

Members noted the Stakeholder Survey 21-22.

**11.1 Plana Nàiseanta na Gàidhlig**

Thug IMM geàrr-chunntas seachad air a' phàipear mu Phlana Nàiseanta na Gàidhlig, am pròiseas a th' air a bhith ann agus mun ìre aig a bheil am Plana.

Chaidh deasbad math a chumail le Buill aig coinneamh a' Bhùird-stiùiridh air 22mh Sultain 2022.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.

**National Gaelic Language Plan 2023-28**

IMM gave an overview on the paper on the National Gaelic Language Plan, the process involved and what stage the Plan is at.

Members had a good discussion on this topic at the Board meeting on 22nd September 2022.

Conclusion:

Members noted the National Gaelic Plan.

**12.0 RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN****12.1 Rianachd Mhì-chinntean**

Thug NP geàrr-chunntas seachad air ìrean cunnairt sam bith a chaidh atharrachadh bhon choinneimh mu dheireadh agus air carson a chaidh na h-atharrachaidhean sin a dhèanamh.

Bha a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh air atharraichean iarraidh air a' chruth agus tuilleadh soilleireachd mu chuid den bhriathrachas sa chlàr a bhios air a ghabhail a-steach an ath thuras a thèid an clàr a thaisbeanadh.

Bhathar a' planadh tuilleadh trèanaidh air Stiùireadh Cunnairt nas fhaide air adhart sa bhliadhna a bhios ag amas air fòcas a' chlàir a leasachadh.

Chaidh moladh gun deidheadh an ìre cunnairt aig 1.2 atharrachadh agus dhearbh NP gun tèid an t-atharrachadh seo a dhèanamh.

Bha beagan còmhraidh ann mu na pròiseasan riaghlaidh airson a' Chlàr Mhì-chinntean agus an gabhadh seo a leasachadh gus freagairt nas fheàrr air clàran-ama choinneamhan.

Co-dhùnadh:

Ghabh Buill ris a' Chlàr Chunnartan Ro-innleachdail leis an tuisge gun deach atharrachaidhean a dhèanamh le Coinneamh na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh.

Gnìomh:

Gun tèid an cleachdadh a bhith a' sgaoileadh phàipearan far a bheil iomadh strì chom-pàirtean (mar eisimpleir le maoineachadh) ùrachadh le oifigearan gus am biodh geàrr-iomradh aca a dh'fhaodadh a bhith air aontachadh ann am prionnsapal seach le gach buidheann fa leth.

Gun tèid beachdachadh air amannan choinneamhan gus an gabhadh cùisean a rèiteach eadar choinneamhan seach pàipearan caran aosta a' tighinn chun a' Bhùird [b' e seo

**RISK MANAGEMENT****Risk Management**

NP gave an overview of any risk ratings which have been changed since the last meeting and why these changes have been made.

The Audit and Assurance Committee had requested some changes to the presentation and further clarity around some of the wording in the register which will be incorporated into the next presentation of the register.

Further training on Risk Management was being planned for later in the year which will aim to further improve the focus of the register.

It was recommended that the risk rating at 1.2 would be changed and NP confirmed that this change will be made.

There was some discussion around the governance processes for the Risk Register and whether this could be developed to better suit meeting timetables.

Decision:

Members approved the Strategic Risk Register with the understanding that changes have been made by the Audit and Assurance Committee Meeting.

Action:

That the practice for distributing papers where there are multiple conflicts of interest (for example with funding) was refreshed with officers so that these had a summary overview that could be agreed in principle rather than each organisation individually.

That the timings of meetings were considered so that items could be resolved between meetings rather than

na thachair leis a' phàipear clàr mhì-chinntean seo)

Gun tèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air amannan cuairteachaidh phàipearan. [Chaidh a ràdh gur dòcha gun robh an cleachdadh làithreach ro fhada air falbh bho cheann-latha nan coinneamhan ach bha cuid eile a' faireachdainn gun robh a' cleachdadh làithreach de co-dhiù seachdain agus a' gabhail a-steach deireadh-seachdain iomchaidh].

NP gus an Clàr ùrachadh agus a chuirteachadh gu Buill.

slightly out of date papers coming to the Board [this had been an issue with this risk register paper)

That the timings of the distribution of papers was reviewed. [There was a comment that current practice might be too far away from the meeting date while others felt that current practice of at least one week and including one weekend was appropriate]

NP to update the Register and circulate to Members.

### 13.0 CORPORRA

#### 13.1 Èifeachdas agus trèanadh a' Bhùird-stiùiridh

Thug NP geàrr-chunntas seachad air a' phàipear. Bhathar a' faireachdainn gur e deagh aithisg a bha seo agus chuir i fàilte air molaidhean sam bith bho Bhuill.

Chaidh a dhearbhadh gun dèan an Sgioba-stiùiridh ath-sgrùdadh air a' phàipear agus gun dèan iad co-dhùnadh mu ghnìomhan iomchaidh sam bith.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an Aithisg air Trèanadh agus Èifeachdas a' Bhùird.

### CORPORATE

#### Training and Effectiveness of the Board

NP gave an overview of the paper. It was felt that this was a positive report and any recommendations by Members were welcomed.

It was confirmed that the Leadership Team will review the paper and decide any appropriate actions required.

#### Decision:

Members approved the Report on Training and Effectiveness of the Board.

### 14.0 PLANA OBRACH A' BHÙIRD-STIÙIRIDH

#### 14.1 Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

Thug NP geàrr-chunntas seachad air a' Phlana Obrach.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ri Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh.

### BOARD WORK PLAN

#### Board Workplan

NP gave an overview of the Workplan.

#### Decision:

Members approved the Board Workplan.

### 15.0 GISBE

Ceann-latha na h-ath coinneimh 15/12/2022

Dùnadh na coinneimh

SEISEAN DÙINTE

*Lèirmheas air a' choinneimh*

### AOCB

Date of next meeting 15/12/2022

Close of meeting

CLOSED SESSION

*Review of meeting*

Ceann-là na coinneimh	06/10/2022
Dearbhte le Sgioba Stiùiridh	18/10/2022
Air adhart gu Cathraiche airson dearbhadh/atharrachadh	19/10/2022
Dearbhte le Cathraiche	28/10/2022
Air falbh airson dearbhadh/eadar theangachadh	11/11/2022
Dearbhte le Buill a' Bhùird	07/11/2022
Dearbhadh air atharraichean a bharrachd le ET	17/11/2022